



Ceistean

Coimhead air paragraf 6.

- (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mu structair nan seantansan sa pharagraf seo?**
(b) Ciamar a tha an structair sònraichte seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 8.

- (a) “Chaidh monmhor thairis a’ chlas mar ghaoith tro fheur air latha foghair”
Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?**
(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?

Thoir sùil air paragraf 8.

- Thoir seachad abairt a tha a’ sealltainn gun robh an tìdsear a’ faireachdainn air a nàrachadh mu na bha Ailean air a ràdh.**

Thoir sùil air paragraf 10

- “Rinn Ailean gàire magail”
Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu nàdar Ailein?**

Thoir sùil air paragraf 11.

- “meaban”
Thoir seachad facal eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ri “meaban”.**

Thoir sùil air paragraf 15.

- 6. “Cha deigheadh càil mar siud seachad air an rasgal ud”
Nad fhaclan fhèin, inns na tha thu a’ tuigsinn bhon abairt seo.**

Thoir sùil air paragraf 17.

- 7. (a) “Cuiribh na leabhraichean air falbh” dh’òrdaich e le smachd cugallach na ghuth.”
(b) Dè cho èifeachdach ’s a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?**

Thoir sùil air paragraf 22.

“...choimheadadh e ort leis na sùilean mòra a bha mar dà lòn anns a’ mhòintich”

- 8. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?
(b) Dè cho èifeachdach ’s a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?**

Thoir sùil air paragraf 25 – 26.

- 9. Mìnich nad fhaclan fhèin mar a thathar a’ tuigsinn gu bheil co-fhaireachadh aig an neach-sgrùdaidh ris an tìdsear.**

Thoir sùil air paragraf 29.

- 9. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?
(b) Dè cho èifeachdach ’s a tha an innleachd sgrìobhaidh seo?**

Thoir sùil air paragraf 35.

- 10. “Fhreagair Ailean gu h-iriosal”
Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha Ailean a’ faireachdainn.**